

BÒRD NA GÀIDHLIG

Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh

Diardaoin 14/12/2023 09.30

Air loidhne tro MS Teams

CLÀR-GNOTHAICH

Board Meeting

Thursday 14/12/2023 09.30

Online via MS Teams

AGENDA

SEISEAN FOSGAILTE		OPEN SESSION	09.30
1.0	CÙISEAN TÒISEACHAIDH	OPENING ITEMS	
1.1	Fàilte bhon Chathraiche	Welcome	
1.2	Leisgeulan	Apologies	
1.3	A' nochdadh chom-pàirtean <i>Bu chòir do Bhuill com-pàirt ionmhasail no neo-ionmhasail a th' aca ann an cùis sam bith air am bithear a' beachdachadh a chlàradh, le bhith a' comharrachadh na puinge buntainnich agus an t-seòrsa com-pàirt a th' aca</i>	Declarations of interest <i>Members should declare any financial and non-financial interest they have in the items of business for consideration, identifying the relevant agenda item, and the nature of their interest</i>	
2.0	IONMHAS	FINANCE	
2.1	Airson Fiosrachadh* Aithisg Ionmhais PT1 Aithisg Ionmhais gu 30/09/2023 <i>Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais & Chùisean Corporra</i>	For Information* Finance Report PT1 Finance Report to 30/09/2023 <i>Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs</i>	d. 4
3.0	PLANA CORPORRA IS COILEANADH	CORPORATE PLAN AND PERFORMANCE	
3.1	Airson Fiosrachadh* Fios as ùr air foghlam <i>Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlam</i>	For Information* Education Update <i>Jennifer McHarrie, Director of Education</i>	d. 7
3.2	Airson Fiosrachadh* Suirbhidh Luchd-ùidh 22-23 PT1 Aithisg air Toraidhean Suirbhidh Luchd-ùidh 22-23 <i>Ruairidh Hamilton, Oifigear Conaltraidh</i>	For Information* Stakeholder Survey 22-23 PT1 Report on Results of the Stakeholder Survey 22-23 <i>Ruairidh Hamilton, Communications Officer</i>	d. 10
4.0	RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN	RISK MANAGEMENT	
4.1	Ri Aontachadh Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail PT1 Clàr mhì-chinntean ro-innleachdail <i>Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra</i>	For Decision Strategic Risk Register PT1 Strategic risk register <i>Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs</i>	d. 22
5.0	CORPORRA	CORPORATE	
5.1	Ri Aontachadh Prògram coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh 2024/25 PT1 Prògram coinneamhan 2024/25 <i>Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra</i>	For Decision Board Meeting Schedule 2024/25 PT1 Meeting schedule 2024/25 <i>Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs</i>	d. 32
5.2	Airson Fiosrachadh Ballrachd Chomataidhean <i>Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard</i>	For Information Committee Membership <i>Ealasaid MacDonald, Ceannard</i>	d. 35
5.3	Ri Aontachadh Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh PT1 Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh 23/24 <i>Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard</i>	For Decision Board Workplan PT1 Board workplan 23/24 <i>Ealasaid MacDonald, Ceannard</i>	d. 37
6.0	GISBE Ceann-latha na h-ath coinneimh 07/03/2024 Dùnadh na coinneimh <i>Lèirmheas air a' choinneamh</i>	AOCB Date of next meeting 07/03/2024 Close of meeting <i>Review of meeting</i>	

Pàipearan Fiosrachaidh

- Tha pàipearan '*Airson Fiosrachadh*' airson toirt-fa-near agus chan eil ùine deasbaid no còmhraidh air a chur mun coinneamh sa chlàr-ghnothaich.
- Far a bheil cothrom ann deasbad is còmhradh a chumail air pàipearan '*Airson Fiosrachadh*', bidh na pàipearan sin air an comharrachadh le rionnag * air a chlàr-ghnothaich.
- Bidh cothrom aig Buill deasbad iarraidh air pàipearan '*Airson Fiosrachadh*' air nach eil rionnag * le bhith a' leigeil fios do Chathraiche a' Bhùird-stiùiridh co-dhiù latha ron choinneimh.
- Far a bheil ceistean aig Buill co-cheangailte ri leithid clàr-ghnìomhan, poileasaidhean, planaichean no cùisean ionmhais a th' anns na pàipearan, thathar gam brosnachadh gus na ceistean sin a chur air post-d gu oifis@gaidhlig.scot co-dhiù dà latha obrach ron choinneimh. Cuiridh an sgioba rianachd a' cheist sin air adhart chun an oifigeir iomchaidh airson freagairt, agus airson a bhith cothromach thèid an fhreagairt a' sgaoileadh air na Buill gu lèir gus am bi an aon thuigse an uair sin aig a h-uile neach.

For Information Papers

- 'For Information' papers are for noting and time for debate or discussion is not allocated in the agenda.
- Where there is an opportunity to debate and discuss 'For Information' papers, these papers will be marked with an asterisk * on the agenda.
- Members will have the opportunity to request a discussion on unstarred 'For Information' papers * by notifying the Chair of the Board at least one day in advance of the meeting.
- Where Members have questions related to items such as agendas, policies, plans, or financial matters contained in the papers, they are encouraged to email these questions to oifis@gaidhlig.scot at least two working days in advance of the meeting. The administrative team will forward that question to the appropriate officer for an answer, and in the interests of fairness, the answer will be circulated to all Members so that everyone has the same understanding



For	Board Meeting
Date of Meeting	14/12/2023
Location:	Online
Item on Agenda	2.1

Paper Title	Finance Report to 30 th September 2023	
Recommendation	For Information *	
Spokesperson	Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs	
Governance Route	Date of Meeting	Decision
Policy & Resources Committee	07/11/2023	For Information
Leadership Team	26/10/2023	For Information
Appendices:	PT1 – Finance Report	
1.0	Purpose	
1.1	To give information to the Board on the financial position as at 30 th September 2023. The paper is in English as it will be presented by the Head of Finance and Corporate Affairs.	
2.0	Background	
2.1	Bòrd na Gàidhlig has a total budget of £5,622k for the financial year 2023/24. PT1 provides an overview of the position to the half year along with a full year forecast.	
3.0	Main Points	
3.1	To the end of September 2023, total spend was £120k ahead budget. This was primarily driven by Development cost spend which was overspent by £138k. This was offset by an £18k underspend in running costs to the end of September.	
4.0	Recommendation	
4.1	Members are requested to consider the report and note the information.	
5.0	Main Strategic Impacts	
5.1	Impact on Finance	
	As described above.	
5.2	Impact on Staff	
	n/a	
5.3	Impact on Training	
	n/a	
5.4	Links to Strategic and Corporate Aims	
	This paper supports the Committee in fulfilling the aims for the year.	
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta/ Links to the National Performance Framework	
	Our Purose	Our Values
	To focus on creating a more successful country with opportunities for all of Scotland to flourish through increased	We are a society which treats all our people with kindness, dignity and compassion, respects the rule of law, and acts in an open and transparent way

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 2.1

	wellbeing, and sustainable and inclusive economic growth		
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Human Rights	<input type="checkbox"/>	Children & Young People <input type="checkbox"/>
	Culture	<input type="checkbox"/>	Communities <input type="checkbox"/>
	Environment	<input type="checkbox"/>	Poverty <input type="checkbox"/>
	Health	<input type="checkbox"/>	International <input type="checkbox"/>
	Learning	<input type="checkbox"/>	Economy <input checked="" type="checkbox"/>
	Successful innovative businesses	<input checked="" type="checkbox"/>	
5.6	Buaidhean air Cliù/Impacts on Reputation		
	It is important the BnG continues to demonstrate effective management of its finances.		
5.7	Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd/Impacts on Health and Safety		
	n/a		
5.8	Buaidhean Laghail/Legal Impacts		
	n/a		
5.9	Buaidhean air Co-ionannas/Impacts on Equality		
	n/a		
5.10	Buaidhean air Àrainneachd/Impacts on the Environment		
	n/a		

30 September 2023

		TO 30.09.23				FULL YEAR PROJECTION						
		BUDGET £'000	ACTUAL £'000	VAR £'000	VAR %	BUDGET £'000	ACTUAL £'000	ACTUAL + COMMITTED £'000	EAU £'000	FORECAST £'000	VAR £'000	VAR %
FUNDING / INCOME	Funding brought forward	98	98	0	0%	98	98	98	-	98	0	0%
	Grant in Aid	2,450	2,450	0	0%	5,425	2,450	2,450	-	5,425	0	0%
	Other Grant In Aid	99	99	0	0%	99	99	99	-	99	0	0%
	Reclaimed Funding	-	7	-7	-100%	-	7	7	-7	-	0	0%
	TOTAL AVAILABLE BUDGET	2,647	2,654	-7	0%	5,622	2,654	2,654	-7	5,622	0	0%
EXPENDITURE	Gaelic Usage	736	958	222	30%	2,055	958	2,105	46	2,151	96	5%
	Gaelic Learning	726	664	-62	-9%	1,421	664	1,146	181	1,327	-94	-7%
	Gaelic Promotion	189	167	-22	-12%	314	167	257	55	312	-2	-1%
	TOTAL DEVELOPMENT COSTS	1,651	1,789	138	8%	3,790	1,789	3,508	282	3,790	0	0%
	Staff Costs	660	652	-8	-1%	1,384	652	1,285	98	1,383	-1	0%
	Other Running Costs	201	191	-10	-5%	448	191	337	112	449	1	0%
	TOTAL RUNNING COSTS	861	843	-18	-2%	1,832	843	1,622	210	1,832	0	0%
TOTAL COSTS	2,512	2,632	120		5,622	2,632	5,130	492	5,622	0	0%	

*Committed funds are those that have had approval, purchase order raised and contract sent to client.

**EAU – expected additional utilisation – funds allocated to a specific project but approval, purchase order and contract not yet in place.



A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	14.12.2023
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	3.1

Tìotal a' Phàipeir	Fios as ùr air foghlam		
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh*		
Neach-labhairt:	Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim		
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris	
Sgioba-stiùiridh	01.12.2023	Ri Aontachadh	
Pàipear-taice air a cheangal ris	-		
1.0	Adhbhar		
1.1	Tha an aithisg seo a' coimhead air cuid de ghnìomhan co-cheangailte ri foghlam		
2.0	Cùl-fhiosrachadh		
2.1	Tha an aithisg a' toirt ùrachadh do bhuill a' Bhùird-stiùiridh air cuid de ghnìomhan a chaidh a dhèanamh bho chionn ghoirid		
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh		
3.1	<p>Freagairtean Co-chomhairle bhon Dàmhair 2023 air adhart: Freagairtean air an cur a-steach chun nan co-chomhairlean a leanas co-cheangailte ri rudan a tha a' toirt buaidh air FtG</p> <ul style="list-style-type: none"> • Consultation Response: GME Catchment Areas in the Highland Council – Bòrd na Gàidhlig (gaidhlig.scot) • A' stèidheachadh sgìre-sgoile airson foghlam àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig aig Acadamaidh Inbhir Chluaidh ann an Inbhir Chluaidh (ri fhoillseachadh air làrach-lìn BnG a dh'aithghearr) 		
3.2	<p>Tha tòrr cho-chomhairlean nàiseanta fosgailte an-dràsta a bheir buaidh air foghlam agus tha sinn ag obair air freagairtean don fheadhainn a leanas aig a bheil cinn-latha dùnaidh ro dheireadh na bliadhna.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Education Bill provisions: consultation – gov.scot (www.gov.scot) • West Cumbernauld Area Reconfiguration Proposal Consultation – North Lanarkshire Council • Your views on Additional Support for Learning (ASL) in Scotland – Scottish Parliament – Citizen Space • Shared inspection framework (careinspectorate.com) <p>Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi barrachd bhuidhnean a' toirt a-steach feumalachdan FtG nam freagairtean, agus tha sinn air a bhith a' bruidhinn ri diofar bhuidhnean nàiseanta eile le raon-ùghdarrais foghlaim gus an smaoinich iad air ar molaidhean sna freagairtean aca fhèin.</p>		
3.3	<p>Trusadh is taic do thidsearan Thoisich an t-Oifigear Leasachaidh (tidsearan) ùr Sian Baldwin san dreuchd aig deireadh na Sultain. Tha gnìomhan air gabhail a-steach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh aig fèill dhreuchdan ann an Steòrnabagh air 15/10/23 far an tug SB fiosrachadh seachad do sgoilearan mu obraichean Foghlam Gàidhlig agus slighean gu teagasg Gàidhlig, dh'fhaighnich grunn sgoilearan mu mhaoineachadh airson cùrsaichean Gàidhlig agus thug i seachad fiosrachadh mun mhaoineachadh a tha ri fhaotainn bho BnG. • Tachartas "Siuthad" airson àrd-sgoiltean air feadh sgìre Comhairle na Gàidhealtachd air 09/11/23, air a chur air dòigh le CnG agus SDS le maoineachadh a' tighinn bho HIE agus Bòrd na Gàidhlig. B' e amas an tachartais tro mheadhan na Gàidhlig seo, fiosrachadh mu dhreuchdan 		

<p>3.6</p> <p>3.7</p> <p>3.8</p> <p>3.9</p>	<p>Gàidhlig a thoirt gu aire dhaoine cho math ri cothroman Gàidhlig ann an roinnean far a bheil sgilean Gàidhlig nam buannachd. Bha e gu math buannachdail a bhith a' bruidhinn ri mòran chloinne is daoine òga às leth BnG agus a bhith a' brosnachadh dhòighean a-steach gu teagasg na Gàidhlig.</p> <ul style="list-style-type: none"> Fhuair Sabhal Mòr Ostaig maoinachadh bho BnG gus cùrsa pìleat a ruith <u>Slighe gu Teagasg 2023-- Sabhal Mòr Ostaig (uhi.ac.uk)</u> airson sgoilearan àrd-ìre a tha a' beachdachadh air dreuchd ann an teagasg. Ghabh SB pàirt ann le bhith a' libhrigeadh seisean do sgoilearan mu obair BnG agus mar a bhios sinne mar bhuidheann a' brosnachadh foghlam Gàidhlig, a' bruidhinn ris na sgoilearan chuir i gnìomhachd air dòigh airson sgoilearan gus beachdachadh air "Dè a tha a' dèanamh tidsear math?" <p>Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig</p> <p>Bhathas an dùil co-chomhairleachadh poblach fhosgladh air ùrachaidhean don Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig (mar a chaidh aontachadh aig coinneamh mu dheireadh a' Bhùird-stiùiridh) ach leis an àireimh de chonaltraidhean mu fhoghlam a tha fosgailte an-dràsta, còmhla ri foillseachadh Bile nan Cànan Albannach o chionn ghoirid, thèid seo a chur dheth fad greis agus beachdaichidh sinn air na h-ath cheumannan anns na mìosan a tha romhainn mar phàirt de phròiseas a' bhile.</p> <p>Tachartasan gus Foghlam bun-sgoile Gàidhlig a bhrosnachadh</p> <p>Tha sinn ag obair le ùghdarrasan ionadail air dòighean gus FtG a bhrosnachadh airson daoine le ùine ann an FtG air thoiseach air clàrachadh sgoile-àraich is BS1. Chaidh seisean fiosrachaidh a chur air dòigh ann an co-obrachadh le Comhairle Siorrachd Àir a Tuath agus Comann nan Pàrant ann am Bun-sgoil Pàirc Whitehirst air 30/10/23, agus bha Feasgar Fosgailte againn ann an co-obrachadh le Comhairle Inbhir Chluaidh agus Comann nam Pàrant nuair a chur sinn air dòigh seisean fiosrachaidh air 28/11/23 airson daoine le ùine ann an FtG air thoiseach air clàrachadh sgoile-àraich is BS1.</p> <p>Obair com-pàirteachais le buidhnean eile</p> <ul style="list-style-type: none"> Choinnich JMH, AM agus riochdairean bho sgiobaidhean maoinachaidh is conaltraidh le SDS gus bruidhinn air a' chiad bhliadhna den Ghàidhlig a bhith mar phàirt de Bhursaraidh Teagaisg na h-Alba agus bha cothrom ann molaidhean a thoirt seachad Ghabh AM pàirt anns a' choinneimh/na gnìomhan eadar-dhealaichte a dh'iarr GTCS oirnn a dhèanamh gus na beachdan againn a thoirt seachad air a' Mheòrachan air Riatanasan Inntigidh airson Prògraman ITE (<i>Memorandum on Entry Requirements to Programmes of ITE</i>). riochdaich i taobh na Gàidhlig gu làidir agus gun do rinn mi ceanglaichean le luchd-obrach GTCS, a bhios feumail san àm ri teachd m.e. a' bruidhinn mu bhith a' dèanamh leasachadh air <i>So You Want to Teach in Gaelic?</i> Bha Manaidsear Foghlaim AM na briteamh air pannal airson pròiseact DYW aig Àrd-sgoil Ghlinn Chaldair - clas ÀS2 a bha ag obair air le Astar Media, is far an robhar a' cur air adhart bheachdan airson prògraman airson BBC Alba. Manaidsear Foghlaim ZNI air pannal de bhrìtheamhan airson Dragons Den tro mheadhan na Gàidhlig a chaidh a ruith le Social Enterprise Academy airson cothrom a thoirt do sgoilearan na beachdan aca a thoirt seachad agus far am faigh na buidheann a bhuannaicheas airgead dhan gnìomhachas a tha iad a' ruith. obair le SALT (Comann Albannach son Teagasg Chànanan) gus beachdachadh air dòighean a bheir a-steach cothroman do thidsearan FLi mar phàirt den ath cho-labhairt aca agus le CLAS (Comann Luchd-teagaisg Àrd-sgoiltean) airson dòighean a lorg gus obair nan lionraidhean sin a cho-roinn agus a' smaoinachadh air seiseanan airson na co-labhairt aca a dham bi BnG a' toirt taic an ath-bhliadhna Taisbeanadh air BnG bho JM airson Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd Fèis Gheamhraidh Choinnich JM ri Bilingualism Matters gus smaoinachadh air dòighean airson obair com-pàirteachais san àm ri teachd air mar as urrainn dhuinn buannachdan dà-chànanaidh a bhrosnachadh
---	---

Seisean Fosgailte
Cuspair 3.1

4.0	Moladh																																				
4.1	Gun toir a' Chomataidh am pàipear seo fa-near.																																				
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach																																				
5.1	Buidhean air Ionmhas Tha na cosgaisean uile taobh a-staigh a' bhuidseit.																																				
5.2	Buidh air Luchd-obrach Cha bhi buaidh ann																																				
5.3	Buidh air Trèanadh Cha bhi buaidh ann																																				
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra Tha an obair seo a' cur ri amas corporra 2: Gum bi barrachd chothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail.																																				
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta																																				
	<table border="1"> <thead> <tr> <th colspan="2">Adhbhar</th> <th colspan="2">Ar Luachan</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td colspan="2">Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus inghabhalach</td> <td colspan="2">'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach</td> </tr> <tr> <th colspan="4">AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA</th> </tr> <tr> <td>Còraichean Daonna</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Clann is Daoine Òga</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Cultar</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Coimhearsnachd</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Àrainneachd</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Bochdainn</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Slàinte</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Eadar-nàiseanta</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Foghlam</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> <td>Eaconamaidh</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td colspan="3">Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> </tbody> </table>	Adhbhar		Ar Luachan		Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus inghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach		AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA				Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Daoine Òga	<input checked="" type="checkbox"/>	Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachd	<input type="checkbox"/>	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input type="checkbox"/>
Adhbhar		Ar Luachan																																			
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus inghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach																																			
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA																																					
Còraichean Daonna	<input type="checkbox"/>	Clann is Daoine Òga	<input checked="" type="checkbox"/>																																		
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachd	<input type="checkbox"/>																																		
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>																																		
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>																																		
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>																																		
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input type="checkbox"/>																																		
5.6	Buidhean air Cliù Cha bhi buaidh ann																																				
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd Cha bhi buaidh ann																																				
5.8	Buidhean Laghail Cha bhi buaidh ann																																				
5.9	Buidhean air Co-ionannas Cha bhi buaidh ann																																				

Fiosrachadh air giorrachaidhean

FtG	Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
FLi	Foghlam Luchd-ionnsachaidh
SDS	Skills Development Scotland/Leasachadh Sgilean na h-Alba
ITE	Initial Teacher Education
DYW	Developing the Young Workforce
GTCS	General Teaching Council Scotland



**Bòrd na
Gàidhlig**

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	14/12/2023
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàr-ghnothaich	3.2

Tìotal a' Phàipeir	Suirbhidh Luchd-ùidh 2023	
Moladh do Bhuill	Airson Fiosrachadh *	
Neach labhairt:	Ruairidh Hamilton, Oifigear Conaltraidh	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba Stiùiridh	01/12/2023	Airson Fiosrachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1-Aithisg-suirbhidh-luchd-ùidh	
1.0	Adhbhar	
1.1	Airsonnan toraidhean bhon t-suirbhidh luchd-ùidh bhliadhnail aithris	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Gach bliadhna bidh Bòrd na Gàidhlig a' cumail ceisteachan luchd-ùidh. Am bliadhna-sa chaidh an ceisteachan a chumail thar an Ògmhios. Dh'obraich am Manaidsear Chom-pàirteachasan is Maoinachaidh agus an Oifigear Conaltraidh air seo. Chaidh fiosrachadh a sgaoileadh fada is farsaing air na meadhanan-sòisealta air fad cho math ri cuairt-litir.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	An cois seo lorgaidh sibh pàipear le fiosrachadh is na toraidhean bho cheisteachan luchd-ùidh Bhòrd na Gàidhlig 2023. Chì sibh gun do rinn sinn coimeas eadar 2023 agus an dà bhliadhna ron a sin (nuair a b' urrainnear a dhèanamh) airson adhartas no neo-adhartas fhaicinn. Tha am pàipear seo a' toirt blasad do Bhuill air mar a chaidh an t-suirbhidh le beachdan bhon t-Oifigear a tha air na freagairtean uile a leughadh.	
3.2	<p>Co-dhùnadh a' phàipeir:</p> <p><i>“Tha meud an t-seata dàta glè chudromach nuair a thathar a' feuchainn ri freagairtean cainneachdail a sgrùdadh, mar a tha ann an ceistean 2, 4 agus 6. Aig a' chiad sealladh, tha coltas ann nach eil luchd-ùidh Bhòrd na Gàidhlig cho toilichte leis an taic a fhuair iad am-bliadhna na bha iad ann an 2022, ach tha na freagairtean a' toirt sealladh eadar-dhealaichte sa cho-theacsa cheart agus leotha fhèin.</i></p> <p><i>Tha na freagairtean a' dearbhadh gu bheil Bòrd na Gàidhlig air adhartas mhòr a dhèanamh thar na bliadhnaichean a dh'fhalbh agus gu bheil a' mhòr-chuid den luchd-ùidh againn toilichte leis an taic a fhuair iad bhuainn, ach gu bheil obair ri dhèanamh fhathast gus coinneachadh ris na feumalachdan a th' aig cuid de na daoine agus na buidhnean leis a bheil sinn ag obair.</i></p> <p><i>Tha ceist ann mu carson nach deach an aon àireamh de fhreagairtean a chuir a-steach am-bliadhna agus ann an 2022 an taca ri 2021. Dh'fhaodadh gur e sgìos a thaobh lìonadh ceisteachain a th' ann – tha buidhnean air feadh na dùthcha a' ruith barrachd dhiubh na bha iad riamh is sinn uile a' feuchainn ri fios air ais agus beachdan fhaighinn bho ar luchd-ùidh nas trice. Tha conaltradh a bharrachd bhon luchd-ùidh a dhìth airson a bhith cinnteach.</i></p> <p><i>Ma tha am beachd gu h-àrd ceart, is dòcha gum biodh e na b' fheàrr an sgrùdadh seo a ruith a h-uile dhà no trì bliadhna seach a h-uile bliadhna. Beachdaichidh an Sgioba-stiùiridh agus Sgioba Conaltraidh air seo sna mìosan ri thighinn.”</i></p>	
3.3	Bidh na toraidhean seo cuideachail san rannsachadh a bhios a' tachairt timcheall a' Phlana Ghnìomh a tha ri thighinn sa bhliadhn' ùr agus nuair a thathar a' beachdachadh air na ghabhadh dèanamh airson feumalachdan ar luchd-ùidh a ruigsinn.	

Seisean Fosgailte
Cuspair 3.2

4.0	Moladh																																				
4.1	Gun toir am Bòrd-stiùiridh fa-near don fhiosrachadh anns an aithisg seo.																																				
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdail																																				
5.1	Buidhean air Ionmhas																																				
	Chan eil gin.																																				
5.2	Buidhean air Luchd-obrach																																				
	Dh'fhaodadh na freagairtean buaidh a thoirt air cho-dhùnaidhean air gnìomhan ri dhèanamh.																																				
5.3	Buidhean air Trèanadh																																				
	Chan eil gin.																																				
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra																																				
	Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige																																				
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta																																				
	<table border="1"> <thead> <tr> <th colspan="2">AR N-ADHBHAR</th> <th colspan="2">AR LUACHAN</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td colspan="2">Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach</td> <td colspan="2">'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach</td> </tr> <tr> <th colspan="4">AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA</th> </tr> <tr> <td>Còraichean daonna</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Clann</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Cultar</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Coimhearsnachdan</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Àrainneachd</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Bochdainn</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Slàinte</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Eadar-nàiseanta</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Foghlam</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Eaconamaidh</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td colspan="3">Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> </tbody> </table>	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN		Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach		AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA				Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input type="checkbox"/>	Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>	Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input checked="" type="checkbox"/>
AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN																																			
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach																																			
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA																																					
Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input type="checkbox"/>																																		
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>																																		
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>																																		
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>																																		
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>																																		
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input checked="" type="checkbox"/>																																		
5.6	Buidhean air Cliù																																				
	Tha e cuideachail suirbhìdh a bhith againn airson leasachadh nan dòighean-obrach againn agus gu bheil dòighean conaltraidh fosgailte ann eadar luchd-ùidh is na buidheann.																																				
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd																																				
	Chan eil gin.																																				
5.8	Buidhean Laghail																																				
	Chan eil gin.																																				
5.9	Buidhean air Co-ionannas																																				
	Chan eil gin.																																				
5.10	Buidhean air Àireannachd																																				
	Chan eil gin.																																				

Aithisg air Toraidhean Cheisteachan Luchd-ùidh Bhòrd na Gàidhlig – Sultain 2023

Gach bliadhna bidh Bòrd na Gàidhlig a' cumail ceisteachan luchd-ùidh. Am bliadhna-sa chaidh a' cheisteachan a chumail tharais an t-Sultain agus dh'obraich an Oifigear Conaltraidh air seo. Chaidh fiosrachadh a sgaoileadh fada is farsaing air na meadhanan-sòisealta air fad cho math le cuairt-litir.

Stiùireadh a chaidh a-mach leis an t-suirbhidh:

Chaidh an suirbhidh seo a dhealbhadh gus fios fhaighinn air ais bho dhaoine fa leth agus bho bhuidhnean leis a bheil ag obair. Tha sinn airson faighinn a-mach dè a tha sibh a' smaoineachadh a tha sinn a' dèanamh gu math agus mar as urrainn dhuinn an t-seirbheis againn a leasachadh dhuibh nas fheàrr. Cleachdaidh sinn na toraidhean seo gus cothroman leasachaidh a chomharrachadh agus feabhas a chur air ar cuid obrach airson na Gàidhlig agus a bhith nas taiceil dha na feumalachdan agaibh.

Chleachdar an aon cheistean a chaidh a chleachdadh ann an 2021 agus 2022 **gus am b'** urrainnear coimeas a dhèanamh eadar na freagairtean a fhuair sinn gach bliadhna. Bha naoi ceistean sa cheisteachan; cuid a' lorg freagairtean slàn, cuid eile a' lorg sgòr 1-5. San aithisg seo lorgar sgòraichean bho 2023, agus an dà bhliadhna ron a sin.

San aithisg seo gheibhear trì freagairtean air an taghadh air thuairream bho gach ceist.

Toraidhean

Àireamh de Fhreagairtean

2023 – 21 (2022 – 29, 2021 – 70)

I omradh: Tha coltas an gu bheil isleachadh san àireamh de freagairtean gach bliadhna. Tha e doirbh a ràdh dè as coireach, ach dh'**fhaodadh** gun robh ùidh mhòr ann sa chiad dol a-mach leis gur e cothrom ùr a bh' ann fios-air-ais a chur thugainn ann an 2021 ach nach eil beachdan daoine air Bòrd na Gàidhlig ag atharrachadh mòran bho bliadhna gu bliadhna agus chan eil faireachdainn ann gun fheum iad an t-suirbhidh a fhreagairt gach bliadhna.


Bha **ceisteachan eile a' ruith aig an aon àm** cuideachd; Co-chomhairleachadh air Dreachd Stiùireadh air Dealbhachadh Phlanaichean Gàidhlig Reachdail.

Mar a chaidh ainmeachadh san aithisg air suirbhidh an-uiridh, cho mhath le sin, tha **ceist ann a bheil daoine a' fàs sgìth le diofar suirbhidhean a' dol air adhart bho dhiofar bhuidhnean fad na tìde? Tha sinn fhèin a' ruith suirbhidh** bliadhnail air cleachdadh na Gàidhlig, mar eisimpleir.

Seòrsa Buidhnean

Seisean Fosgailte
Cuspair 3.2 PT1

	2023 (21)	2022 (29)	2021 (70)
An Riaghaltas no Buidheann Co-cheangailte	3 (14.29%)	5 (17.24%)	12 (17.14%)
Ùghdarras Foghlaim, Buidheann-ghnìomha no Buidheann	2 (9.52%)	1 (3.45%)	17 (24.29%)
Buidheann Leasachaidh Eaconamach, Cultarach no Turasachd	0	2 (6.9%)	1 (1.43%)
Buidheann Mheadhanan, Cruthachail no Dualchais	1 (4.76%)	4 (13.79%)	4 (5.71%)
Buidheann Gàidhlig	0	2 (6.9%)	8 (11.43%)
Buidheann Choimeirsealta	2 (9.52%)	1 (3.45%)	0
Buidheann Coimhearsnachd	2 (9.52%)	5 (17.24%)	10 (14.29%)
Buidheann Iomairt Shòisealta	0	1 (3.45%)	2 (2.86%)
Neach fa leth	9 (42.86%)	6 (20.69%)	12 (17.14%)
Eile	2 (9.52%)	2 (6.9%)	2 (2.86%)




I omradh:

Tha e iongantach nach deach freagairtean sam bith a chur a-steach le 'buidhnean Gàidhlig'. Dh'fhaodadh gu bheil seo a' cuir ris am beach gu h-àrd mu atharrachadh beachdan agus faireachdainnean mu feum sna freagairtean aca. Bha àrdachadh mòr anns an àireamh sa cheud de fhreagairtean bho daoine fa leth cuideachd. Dh'fhaodadh gur ann mar thoradh air atharrachadh san dòigh anns a bheil fiosrachadh air a cho-roinn a tha seo, le puist air na meadhanan meadhanan sòisealta a' ruighinn daoine fa leth nach eil air na liostaichean-sgaoilidh àbhaisteach againn.

Ceist 1: Gu dè an ìre is gu bheil sibh a' tuigsinn obair Bhòrd na Gàidhlig?

Àireamh cuibheas a-mach à 5: 4.05 (2022 – 4.24, 2021 – 3.94)



Mineachaidhean:


- *I understand that Bòrd na Gàidhlig's goal is centred around the cultural resurgence of Gaelic in Scotland and creating and following the steps to reach their goal.*
- *Tha sibh ag iarraidh gum bidh a' ghàidhlig mar chànan làitheil ar fud na h-alba ach tha mi a' smaoinichadh nach eil e ag obair ro mhaith a-nis fhèin. ach 's e mo bheachd gum bu chòir fìor ghàidhlig chruinn na seann-ghàidhealtachda a chumail beò gun gaidhlig ùr chumtha (?) made up. b'fheàrr faclan beurla a chleachdadh anns a n-àiteachan gun a bheith a' cruthachadh cànan nach robh ann gu neamh-nàdurra. . .*
- *The objectives are clear and valuable.*

I omradh:

Tha na freagairtean a fhuair sinn a' sealltainn gu bheil tuigse mu na h-amasan againn aig cha mhòr an aon ìre is a bha e an uiridh. Tha luchdachadh beag ann ge-tà agus feumaidh fiosrachadh mu na h-amasan seo a cho-roinn gu soilleir fad na h-ùine, fiù 's nuair a tha fianais ann gu bheil tuigse math aig a' chuid as motha de luchd-ùidh.

Ceist 2: A bheil sibh a' smaoinichadh gu bheil Bòrd na Gàidhlig èifeachdach ann a bhith a' coileanadh nam prìomhachasan aca?

Àireamh cuibheas a-mach à 5: 3.05 (2022 - 3.55, 2021 - 3.32)



Mineachaidhean:


- *Not all opportunities are identified and embraced. An established, 'acceptable', 'traditional' core of methods appear supported, but not many new ideas strategised.*
- *Everything can be improved upon, of course, but in my view they seem to perform their role both professionally and enthusiastically. The current Director's and staff all seem exceptionally good at their job.*
- *You have significant constraints on achieving your priorities, not least the dominance of the English language. The Welsh government is more assertive than the Scottish in promoting their language from the top so perhaps you want to push the government to invest more and legislate.*

I omradh:

Gu math coltach ri toraidhean 2021 is 2022. Tha a' mhòr-chuid mothachail gu bheil sinn a' dèanamh ar dicheall leis na goireasan a th' againn. Tha isleachadh air tighinn san àireamh cuibheas ge-tà agus chan eil tèama follaiseach sna freagairtean a fhuair sinn a tha g adhbharachadh sin.

Ceist 3: Rè na h-ùine An Giblean 2022 – An t-Sultain 2023, innsibh dhuinn mar a chaidh sibh an sàs le Bòrd na Gàidhlig.

Aire: Iomadh tagh ri fhaighinn	2023	2022	2021
Plana Gàidhlig Reachdail	3 (14.29%)	7 (24.14%)	20 (28.57%)
Iarrtas tabhartais	7 (33.33%)	22 (75.86%)	42 (60%)
Obair ann an com-pàirteachas	5 (23.81%)	7 (24.14%)	22 (31.43%)
A' sireadh comhairle no taic	7 (33.33%)	15 (51.72%)	31 (44.29%)
A' frithealadh bùth-obrach	2 (9.52%)	5 (17.24%)	7 (10%)
Cha deach mi an sàs le Bòrd na Gàidhlig rè na h-ùine seo	4 (19.04%)	2 (6.9%)	13 (18.57%)
Eile	5 (23.81%)	3 (10.34%)	5 (7.14%)




I omradh:

Bha na h-adhbharan a chaidh a thoirt seachad airson a bhith ag obair le Bòrd na Gàidhlig air a' bhliadhna a dh'fhalbh nas sgaoilte na bha iad ann an 2022 agus 2021. Ainmich barrachd dhaoine/buidhnean gun deach iad ann an conaltradh leinn airson 1 adhbhar a-mhàin am bliadhna cuideachd. Dh'fhaodadh dìth fhreagairtean bho bhuidhnean Gàidhlig, leis a bheil Bòrd na Gàidhlig ag obair ann an iomadh dòigh eadar-dhealaichte, agus an àrdachadh ann am freagairtean bho dhaoine fa-leth seo a mhìneachadh.

Chan eil e coltach gur e fìor riochdachadh a tha seo air an àireamh dhaoine agus bhuidhnean a tha a' dol an sàs le Bòrd na Gàidhlig airson na h-adhbharan sin a tha seo agus chan eil e a' toirt dhuinn ach sealladh air a' cho-obrachadh a chaidh a dhèanamh leis an fheadhainn a fhreagair an suirbhidh a-mhàin.

Ceist 4: Gu dè an ìre 's gun do chuir ur conaltradh le Bòrd na Gàidhlig ris na tha sibh a' dèanamh?

Àireamh cuibheas a-mach à 5: 3.19 (2022 – 4.17, 2021 - 3.71)



Mìneachaidhean:

- *I have to face other financial support to achieve my project.*
- *No issues.*
- *No response as I cannot remember contacting you*

I omradh:

Fhuair sinn ceithir freagairtean bho daoine nach eil air obair a dhèanamh còmhla rinn no air **a bhith ann an conaltradh leinn agus freagair iad uile le sgòr '1'**. Tha seo air an àireamh cuibheas a thoirt sìos agus gun na freagairtean sin, 's e 3.71 a bhiodh ann.

Bha cuid gu math toilichte leis an taic is conaltradh a fhuair iad bho luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig agus **b' e '5' am freagairt as cumanta** a fhuair sinn, **a' gabhail a-steach na freagairtean a dh'ainmich mi gu h-àrd**. Tha seo **a' sealltainn gun robh buaidh mhòr** aig freagairtean dhaoine agus bhuidhnean a bha mì-thoilichte leis an taic a fhuair iad, **ged 's nach robh iad sa mhòr-chuid**, rud a tha na dhuilgheadas cumanta nuair a thathar a' dèiligeadh ri seata dàta cho beag.

Ceist 5: Ciamar a b' urrainn do Bhòrd na Gàidhlig a bhith nas èifeachdaiche ann a bhith a' coileanadh ur feumalachdan no feumalachdan na buidhne agaibh?


- *If they had more funding, they could offer co-funding to more organisations*
- *Possibly, by planning out cooperation annually in advance, but even then, there would always be exceptions which would crop up unexpectedly.*
- *Actively encourage new initiatives that may not necessarily fit current funding guidelines.*

I omradh:

Fhuair sinn raon farsaing de fhreagairtean don cheist seo, **a' gabhail a-steach aithneachadh gu bheil feum air barrachd maoineachaidh**, miann airson fios air ais mu aithisgean pròiseict a thoirt seachad nas luaithe, barrachd co-obrachadh aig ìre coimhearsnachd agus sgioblachadh air fiosrachaidh a tha ri lorg air-loidhne. Leis gu bheil gach freagairt cho eadar-dhealaichte bhon a chèile, **bhiodh e na b' fheàrr beachdachadh air gach fear fa-leth seach mar chuspair coitcheann no le bhith a' cleachdadh tèaman.**

Ceist 6: Gu dè an ìre is gu bheil sibh ag aontachadh gun robh luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig na chuideachadh dhuibh no don bhuidhinn agaibh?

Àireamh cuibheas a-mach à 5: 3.19 (2022 - 4.34, 2021 - 4.14)



Mineachaidhean:

- *Chan eil mi buileach cinnteach - a bharrachd air maoinachadh agus an co-obrachadh a rinn sinn chan eil an obair againne ro thrì ceangailte ri obair Bòrd na Gàidhlig*
- *The staff are good but they don't have enough instruments to deal with other social and academic needs.*
- *Excellent support*

I omradh:

Mar a thachair ris an àireamh cuibheas bho na freagairtean a fhuair sinn airson Ceist 4, bha buaidh aig na freagairtean a fhuair sinn bho daoine is buidhnean a thuir nach deach iad ann an conaltradh leinn aig uair sam bith tron bhliadhna. Gun na **freagairtean seo, 's e 3.81** a bhiodh ann. Tha lùghdachadh an sin bhon uiridh ge-tà, agus tha e soilleir gu bheil obair a dhìth gus seo a cheartachadh.

A-rithist, **b' e '5' am freagairt as cumanta** a fhuair sinn agus thuig na freagairtean bho daoine agus buidhnean a bha mì-thoilichte leis an taic a fhuair iad buaidh mòr air toradh na ceiste, ged nach robh iad sa mhòr-chuid.

Ceist 7: Ciamar a dh'fhaodadh luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig leasachadh a dhèanamh air an taic a gheibh sibh bhainn?

- *Tha measaidhean air aithisgean dearcnachaidh a' tighinn air ais thugainn mìosan mòra às dèidh dhuinn an cur a-steach. Feumaidh buidhnean aig a bheil planaichean cànan cumail ri ceann-ama trì mìosan agus chan eil na h-aon 'riaghailtean' ann taobh a' Bhùird. Tha seo a' fàgail nach eil mòran de luach idir sna h-aithisgean is na measaidhean (out of date) - briseadh-dùil a th' ann is sinn air ùine mhòr a chur seachad gan ullachadh taobh a-staigh a' chinn-ama.*
- *Maybe by using other kinds of support*
- *Direct more resources into adult education, especially online. I live in Cambridge and can't find anyone local to converse with.*

I omradh:

Tha e doirbh na freagairtean seo a sheòrsachadh a thaobh tèaman agus bhiodh e nas fheàrr beachdachadh air gach fear leis fhèin.

Ceist 8: A bheil molaidhean agaibh air dòighean leasachaidh gus ar conaltradh a neartachadh leibh?

- *No not really, you guys are all doing a great job promoting Gaidhlig in Scotland anyway.*
- *Chan eil fhios agam*
- *So far so good, hence no*

I omradh:

Measgachadh de bheachdan an seo agus cuid mi-chinnteach mu dè a ghabhadh dèanamh. Tha e doirbh tèaman a lorg sna freagairtean agus bhiodh e nas fheàrr beachdachadh air gach fear leis fhèin.

Ceist 9: A bheil càil sam bith eile ann a bu mhath leibh innse dhuinn mar phàirt den sgrùdadh seo?

- *Gaelic language needs to be better promoted and made usable to the proletariat not just the enthused, academic and culturally inclined. Perhaps BnG could be less passive and more involved in leading some initiatives as currently, I think **much funding is absorbed by an expert few 'funding' wise bodies, groups and individuals with very little lasting impact beyond keeping said bodies groups and individuals in personal cash!***
- *Please support initiatives that could tour areas that have no GME provision so children can access a cultural experience that is of good quality. Gaelic career fairs for primary children also to highlight positive prospects would be good for them and their parents to hear. Maybe a real needs assessment annually to support delivery is what's needed.*
- *No*